

# MISE S1:1

TÀR-SCRÌOBHAIDHEAN



# MISE:SI:1

## TÀR-SGRÌOBHAIDHEAN

1. Earrann 5: Marta (td 16)
2. Earrann 9: Mi Fhìn is mo theaghlach (td 24)
3. Earrann 15: A bheil ùidh agad ann am Beurla? (td 33)
4. Earrann 25 : Ostail Phort-Rìgh – Earrann I agus II (td 56)
5. Earrann 30: An t-ionnsachadh òg, an t-ionnsachadh bòidheach (td 64)
6. Measadh a ceithir – Èisteachd: Ailean Caimbeul Macilleathain

# MISE:SI:1 TÀR-SGRÌOBHAIDHEAN

## Earrann 5 – Marta (td 16)

Hai! 'S e Marta NicLeòid an t-ainm a th' orm. Tha mi còig-deug agus tha mi a' fuireach ann an Inbhir Nis. Tha ceathrar nam theaghlach – mise, m' athair, mo mhàthair agus mo bhràthair beag, Marcin. 'S e Adrianna an t-ainm a th' air mo mhàthair. 'S ann às a' Phòlainn a tha i. Thàinig i a dh' Alba an uair a bha i fichead bliadhna a dh' aois. 'S e Dòmhnall Iain an t-ainm a th' air m' athair agus 's ann à Alba a tha e. Rugadh agus thogadh e ann an Leòdhas. 'S e fiaclair a th' ann agus tha e ag obair ann an ionad-slàinte ann an Inbhir Nis. Rugadh mi fhìn agus mo bhràthair, Marcin, ann an Inbhir Nis. Tha Marcin dà bhliadhna nas òige na mise, ach tha e nas àirde. Bidh sinn a' dol gu Acadamaidh Chùil Lodair. Tha an sgoil faisg air an taigh againn. Tha seanair agus seanmhair agam anns a' Phòlainn. Tha iad a' fuireach ann an Wroclaw agus bidh sinn a' dol ann a h-uile samhradh air saor-làithean. 'S toigh leam a' Phòlainn. Tha an samhradh blàth agus grianach – nas blàithe na Alba! Tha seanair eile agam ann an Leòdhas. Bidh sinn a' dol a Leòdhas a h-uile bliadhna aig an Nollaig

# MISE:SI:1 TÀR-SGRÌOBHAIDHEAN

## Earrann 9 (td 24)

### a)

Hai. Is mise Daibhidh Grand agus tha mi sia-deug. Rugadh mi ann an Inbhir Nis. Tha mi a' fuireach anns an Òban a-nis. Tha mi beag le falt donn agus sùilean gorma. Tha còignear nam theaghlach – mise, m' athair, mo mhàthair, agus tha dithis pheathraichean agam. Tha sinn a' fuireach ann an taigh mòr. Tha deich rumannan anns an taigh agus tha garaids agus gàrradh againn cuideachd. Bidh mi a' dol gu Àrd-sgoil Loch Mòr. Anns an sgoil, is toigh leam Fiosaigs agus Eachdraidh. Chan eil mi math air Beurla. Tha e doirbh. 'S e Gòrdan an t-ainm a th' air m' athair. Tha e ag obair ann an garaids. 'S e meacanaig a th' ann. Tha e beag agus reamhar le falt donn agus sùilean gorma. Rugadh is thogadh m' athair ann an Leòdhas. Tha mo mhàthair, Tina, beag cuideachd. Tha i caol agus tha falt ruadh oirre le sùilean uaine. 'S ann à Glaschu a tha i. Chan eil mo mhàthair ag obair. Tha mo pheathraichean, Hannah agus Màiri, nas òige na mise. Tha iad deich agus trì-deug. Tha Hannah beag agus ruadh agus tha Màiri àrd le falt donn. Is toigh leam Hannah, ach tha Màiri caran crosta. Chan eil seanair no seanmhair agam. Tha each agam. 'S e Eàirdsidh an t-ainm a th' air agus tha e ceithir bliadhna a dh'aois. The e mòr, donn agus uabhasach laghach. Is toigh le Eàirdsidh ùbhlán agus siùcar. Bidh mi a' marcachd air Eàirdsidh a h-uile latha. Anns na saor-làithean bidh sinn a' falbh a Ghlaschu. Tha m' antaidh a' fuireach an sin. Is toil leam marcachd, coimhead an TBh, ceòl roc agus geamannan coimpiutair. Is lugha orm coin, leughadh, orainsearan agus bainne.

### b)

#### **Cia mhead a tha nad theaghlach?**

Tha còignear nam theaghlach – mise, m' athair, mo leas-mhàthair, mo leas-phiuthar agus mo sheanmhair.

#### **Càit a bheil thu a' fuireach?**

Tha sinn a' fuireach ann an Cille Bhrìghde an Ear – baile beag faisg air Glaschu.

#### **An taigh agad**

Tha an taigh againn mòr. Tha cidsin, seòmar-suidhe, ceithir rumannan-cadail agus dà rùm-ionnlaid ann. Tha an rùm agamsa uabhasach mì-sgiobalta! Tha garaids agus gàrradh air cùl an taighe. Tha nàbaidhean laghach againn.

#### **Bràithrean/ peathraichean**

Tha leas-phiuthar agam. 'S e Angela an t-ainm a th' oirre. Tha i sia-deug. Tha i uabhasach laghach.

# MISE:SI:1 TÀR-SGRÌOBHAIDHEAN

## **Pàrant(an)**

'S e Garaidh an t-ainm a th' air m' athair agus 's e Màiri Anna an t-ainm a th' air mo leas-mhàthair.

## **Seanair/seanmhair**

Chan eil ach aon sheanmhair agam. Tha i mu ochdad. Tha i beag agus tha falt liath agus speuclairean oirre. Tha i uabhasach èibhinn. 'S e Beitidh an t-ainm a th' oirre.

## **Cò ris a tha iad coltach?**

Tha falt bàn air Angela agus air mo leas-mhàthair. Tha falt donn orm fhìn agus m' athair.

## **Cò às a tha do theaghlach?**

'S ann à Glaschu a tha m' athair. Tha mo leas-mhàthair agus mo sheanmhair à Tiriodh. Rugadh agus thogadh mise ann an Glaschu.

## **Peataichean**

Tha cat agus cù againn. 'S e Barney an t-ainm a th' air a' chù. Tha e mòr agus dubh. Tha cluasan fada air. Tha e caran crosta, ach 's toigh leam e. Cha toigh leam an cat. 'S e Norrag an t-ainm a th' air. Tha e mòr, ruadh, reamhar agus leisg agus chan eil e laghach idir.

## **Obair**

Bidh m' athair ag obair ann am factaraidh agus bidh Màiri Anna ag obair ann an taigh-bìdh. 'S e còcaire a th' innte. Tha Angela ag obair ann am bùth a' bhèiceir ann an Glaschu.

## **Cur-seachadan**

'S urrainn dhomh am bogsa a chluich agus bidh m' athair a' cluich giotàr. Bidh mi fhìn is m' athair uaireannan a' cluich golf còmhla, ach chan eil mise math air. 'S fheàrr leam ball-coise.

## **Sgoil**

Bidh mi a' dol gu Àrd-sgoil Calderglen. 'S e ceòl an cuspair as fheàrr leam agus 's toigh leam Gàidhlig agus spòrs cuideachd.

## **Aig an taigh**

Bidh sinn a' gabhail dinnear mu shia uairean agus an uair sin bidh sinn a' coimhead beagan TBh. Bidh mise a' dèanamh obair-dachaigh cuideachd no

# MISE:SI:1 TÀR-SGRÌOBHAIDHEAN

a' cluich a' bhogsa. Air an deireadh sheachdain, Bidh Màiri Anna agus Angela ag obair a h-uile Disathairne. Bidh mi fhìn, m' athair agus Barney a' dol dhan phàirc, a' cluich golf no a' dol gu gèam ball-coise.

## Saor-làithean

An-uiridh chaidh mi dhan Fhèis ann an Tiriodh. Am-bliadhna bidh sinn a' dol a Shasainn. Tha m' antaidh, Catrìona, a' fuireach ann am Birmingham.

## Dè na rudan as fheàrr leat?

Barney, Disathairne, Celtic, staoig agus sliseagan, am bogsa agam, mo charaidean, an i-pod agam, suiteis agus Tiriodh.

## Dè na rudan as lugha ort?

Is lugha orm cait, Man U, brocolaidh, (euch! Tha gràin agam air!) Nuadh-eòlas, ceòl 'rap', Eastenders agus iasg.

c)

## Mì fhìn is mo theaghlach - Fionnghal Nic a' Ghobhainn

Is mise Fionnghal Nic a' Ghobhainn. Rugadh agus thogadh mi ann an Uibhist. Tha mi sia-deug agus tha mo cho-là-breith ann air 14 an t-Sultain. Tha mi àrd agus caol, tha falt ruadh orm agus tha sùilean donna agam. Tha mi anns a' cheathramh bliadhna ann an Sgoil Lìonacleit. Tha gràin agam air an sgoil ach tha Ealain agus Beurla ceart gu leòr. Is toigh leam leughadh agus ealain. Tha coiseachd agus snàmh a' còrdadh rium cuideachd. Chan eil ach trìuir nam theaghlach – mise, mo mhàthair agus mo bhràthair. Tha sinn a' fuireach ann am Baile a' Mhanaich ann am Beinn na Fadhla anns na h-Eileanan Siar. 'S e Dolina an t-ainm a th' air mo mhàthair. Tha i mu cheathrad (tha mi a' smaoineachadh!) agus tha i beag agus tha falt goirid, bàn oirre. Bidh i ag obair anns an ionad-slàinte. 'S e rùnaire a th' innte. Rugadh agus thogadh mo mhàthair anns an Eilean Sgitheanach. Thàinig i a Bheinn na Fadhla an uair a bha i fichead. Is toigh le mo mhàthair còcaireachd agus leughadh. Cuideachd, ma tha latha math ann, bidh i ag obair anns a' ghàrradh. Tha an taigh againn snog. Tha cidsin, seòmar-suidhe, trì rumannan-cadail agus rùm-ionnlaid ann. Tha gàrradh ri taobh an taighe. Tha an taigh againn ri taobh na mara agus tha nàbaidhean laghach againn. Tha bràthair mòr agam. 'S e Iain Eàirdsidh an t-ainm a th' air. Tha e naoi-deug agus tha e uabhasach laghach rium. Tha e ag obair air bàta. 'S e iasgair a th' ann. Tha Iain Eàirdsidh nas àirde na mise agus tha falt ruadh air cuideachd. Tha mo sheanair a' fuireach ann an Lìonacleit. Tha e àrd, agus tha falt liath agus feusag air. Bidh e a' tighinn gu dinnear a h-uile Didòmhnaich. Tha cù aig mo sheanair. 'S e Jess an t-ainm a th' air a' chù agus bidh e ag obair air a' chroit aige. Uaireannan bidh mi a' dol dhan tràigh còmhla ri Jess. Is fìor thoigh leis ruith air an tràigh

# MISE:SI:1

## TÀR-SGRÌOBHAIDHEAN

agus bidh e a' snàmh anns a' mhuir cuideachd. 'S e Eàirdsidh an t-ainm a th' air m' athair. Is ann à Uibhist a Deas a tha e ach tha e a' fuireach ann an Obar Dheathain a-nis. Bidh mi a' dol a dh'Obar Dheathain anns na saor-làithean. Is fhìor thoigh leam am baile mòr. Tha e trang agus tha bùthan math ann. Is fìor thoigh leam bùthan, leabhraichean, mo charaidean Ceit agus Lionsaidh, snàmh, Kit-kats, a' dèanamh dhealbhan, Jess, an tràigh, seòclaid-theth agus a' ghrian. Is lugha orm an sgoil, an tidsear Eachdraidh agam, Rèidio a Dhà, an geamhradh, ceòl dannsa, cnothan agus bainne.

### Earrann 15 - A bheil ùidh agad ann am Beurla? (td 33)

TIDSEAR (Gnogadh)	Thig a-staigh! Hallò, a Chailein. Trobhad a-steach. Suidh sìos. Ciamar a tha thu?
CAILEAN	Ceart gu leòr, tapadh leibh.
TIDSEAR	Nise. Am-bliadhna tha thu a' dèanamh Bith-eòlas, Ceimigeachd, Spòrs, Beurla agus Eachdraidh. A bheil mi ceart?
CAILEAN	Tha sin ceart.
TIDSEAR	Dè an cuspair as fheàrr leat, a Chailein?
CAILEAN	'S fheàrr leam Spòrs.
TIDSEAR	Agus dè an cuspair as miosa?
CAILEAN	Eachdraidh, tha mi a' smaoineachadh.
TIDSEAR	Carson nach toigh leat Eachdraidh?
CAILEAN	Tha mi gu math dona air Eachdraidh. Tha ùidh agam ann, ach chan eil mi measail air sgrìobhadh. Tha tòrr sgrìobhaidh ann.
TIDSEAR	Ceart. Dè mu dheidhinn Spòrs? Tha thu math air Spòrs, nach eil?

# MISE:SI:1 TÀR-SGRÌOBHAIDHEAN

CAILEAN	Tha. Tha mi a' smaoinichadh gu bheil mi meadhanach math air. Tha mi uabhasach measail air. Tha mi math air snàmh agus ball-basgaid. An-dè shnàmh mi mìle meatair.
TIDSEAR	'S math a rinn thu! Tha sin uabhasach math! Dè mu dheidhinn nan cuspairean eile ma-thà?
CAILEAN	Tha Beurla caran doirbh, ach tha mi a' smaoinichadh gu bheil Bith-eòlas agus Ceimigeachd furasta gu leòr.
TIDSEAR	Agus a bheil an sgoil a' còrdadh riut, a Chailein?
CAILEAN	Tha. Chì mi mo charaidean a h-uile latha.

## Earrann 25 – Ostail Phort-Rìgh Earrann (i)

<http://www.bbc.co.uk/programmes/articles/480wNkgtJbM6VV4dbTQYTYG/tar-sgrìobhadh-balaich-ostail-phort-righ>

### Ailean Caimbeul a' bruidhinn ri Murchadh Peutan

[Murchadh: Bha mi, ann an dòigh, toilichte gu leòr a bhith a' fàgail na sgoile, ged coltach ri iomadach duin' eile, tha mi cinnteach, beagan iomagaineach mu dheidhinn dè bha romhainn anns an t-saoghal. Ach bha mi gu math tùrsach a bhith dealachadh ris na càirdean a bha còmhla rium anns a' hostel agus tha cuimhn' agam fhathast air an fheasgar a bha sin a dhol a-mach, 's bha mi na mo sheasamh nam aonar air a' fire-escape a bha ri taobh 'dorm' a dhà-dheug. Agus...

Ailean: Bhiodh daoine a' dol a-mach an sin a smocadh!

Murchadh: Bhitheadh, mi fhìn nam measg, tha mi cinnteach! Ach tha cuimhn' agam a bhith na mo sheasamh a-muigh ann a shin air a' fire escape 's dìreach a' coimhead air ais air na bliadhnaichean a bha mi air a chur seachad anns a' hostel, agus cho dlùth 's a bha an càirdeas eadar mi fhìn agus balaich a bha còmhla rium agus cha mhòr nach robh na deòir anns na sùilean agam. Bha mi



# MISE:SI:1 TÀR-SGRÌOBHAIDHEAN

a' faireachadh gu math, gu math tùrsach. Agus cha chreid mi gun do dh'aidich mi sin riamh chun an-dràsta fhèin.]

## Earrann (ii)

<http://www.bbc.co.uk/programmes/articles/41k8tCJh8b886wdykfCN1g/tar-sgrìobhadh-clann-nighean-ostail-phort-rìgh>

Ailean Caimbeul a' bruidhinn ri Catrìona Fhriseal

[Ailean: 'S tric a bhios mi smaoinichadh, fhios agad, 's e uallach mhòr a bh' air na daoine sin, in loco parentis, mar gum biodh, agus 's e obair gu math doirbh a th' ann, saoilidh mi, a bhith a' gabhail uallach airson uibhir sin de chlann.

Catrìona: Uill tha fios gur e. Agus tha mi creidsinn gur e sin bu choireach gu robh na riaghailtean cho teann. Dh'fhaodamaid a dhol sìos am baile às dèidh na sgoile. Ach aon uair 's gu robh sinne a-staigh aig leth-uair an dèidh còig, cha robh sinne a' faighinn a-mach tuilleadh. Mar a bha hostel nan gillean, bha raon-cluich na sgoile acasan. Ach cha robh sìon dhe sin againne. Bha sinn air ar cuingealachadh gu mòr mar sin.

Gheibheamaid dha na pictures Oidhche Disathairne. Agus corra uair, bhiodh – chan eil fhiosam dè an t-àm dhen bhliadhna a bh' ann, an ann as t-fhoghar a bhiodh ann no anns a' gheamhradh, bhiodh Perth Theatre Company a' tighinn dhan Eilean Sgitheanach, 's bhiodh iad trì oidhche anns an Drill Hall, agus bha e ceadaichte dhuinn a dhol gu sin. Bhiodh iad a' dèanamh dealbhan-cluich mar a bha Robert Browning 's rudan mar sin, 's tha mi a' creidsinn gu robh iad a' faicinn sin mar...

Ailean: Foghlam?

Catrìona: Seadh! Foghlam! 'S bha sinn... gheibheamaid thuige sin.

Ailean: Bhiodh mòran a' falbh chun na pictures ann a shin agus 's ann an sin a bhiodh a' chiad suirghe a' tòiseachadh?

Catrìona: 'S ann, 's ann, cùl an Drill Hall! Nuair a chìtheadh tu feadhainn a' dèanamh air cùl an Drill Hall, bha fhios agad carson!]

# MISE:SI:1 TÀR-SGRÌOBHAIDHEAN

## Earrann 30 – An t-ionnsachadh òg, an t-ionnsachadh bòidheach

<https://www.bbc.co.uk/programmes/p01tmvyj>

Tha an earrann seo Eadar Dà Shaoghal le Dòmhnall MacLeòid a' bruidhinn air làithean òige ann am Beàrnaraigh Mòr.

[Chaidh mise dhan sgoil an latha mus robh mi ceithir bliadhna a dh'aois, bliadhna mus bu chòir dhomh, 's thug mi fad mo làithean sgoile a' tighinn dhan sgoile air an latha ron a' bhirthday air neo an latha as dèidh mo bhirthday air neo na bu mhiosa buileach latha mo bhirthday. Ged a bha cuimhne geur agam air an latha ud, chan eil cuimhne agam air mòran làithean eile ann sgoil Bhearnaraigh 'S dòcha nach do chòrd i rium, ged a bha i furasta foghlam a thoirt leam, 's dòcha aon uair 's gun do lorg mi m' àite, bha a h-uile latha mar a h-uile latha eile. Tha fios 'am gun robh mi ag iarraidh dhan sgoil. Bha mi cho aonranach gun duine beò faisg orm.

Mach às an sgoil thug mise mo bheatha a-measg dhaoine mòra. 'S dòcha gur e sin a bha gam fhàgail na bu shine na bha mi ann an dòigh. 'S dòcha gum bithinn mar sin co-dhiù. ach bha fios 'am bhon cuimhne leam gun robh fada bharrachd tuigse agam na bha daoine mòr' a' smaoinichadh. Bha fios 'am san ìre mhath sa spot, cò bheireadh dhomh siucar no bonn-a-sia no tasdan, ach a bharrachd air a sin bha fios 'am cò bha gam fhaicinn mar chreutair eile, cha b' ann mar leanabh gu seadh.

Bha fhaileadh fhèin aig a h-uile duine; tomnabac, siabann, teàrr, a-rèir dè bha iad a' dèanamh, faileadh a' chrùidh bho antaidh Chris, faileadh an tùis bho Ghranaidh, faileadh an tuaithe bho Thormad Turtaral 's faileadh an sgadain o Mhurchadh Sgodaidh, faileadh nam boireannaich anns na leapannan is na lèidean as dèidh nan ordughan.

“Ò èist” ars antaidh Chris, “na bi a' cantainn na leithid de rud.”

Is e seòrsa cluiche a bha agam a bhith a' falbh 's a' riagail 's a' coimhead 's a' smaoinichadh 's a' studaigeadh nan leabhraichean a bha sa bhòckcase. Uaireannan, chuirinn ceist air fear de na daoine mòra, bha fiosam gum bheireadh e dhomh freagairt.

“Dè bu chòireach gun robh Ghealach cho bright a-raoir” dh'fhaighnich mi do dh'Alec John

# MISE:SI:1 TÀR-SGRÌOBHAIDHEAN

“Uill” ars esan, “cha robh sgòthan anns an iarmailt ’s bha i làn”, ’s innis e dhomh man a bha an Saoghal a’ dol eadar a’ Ghrian ’s a’ Ghealach agus dubhar an t-Saoghal air aghaidh na Gealaich, goirid as dèidh sin, lorg mi diagram ann an leabhar a bha a’ sealltainn dìreach an rud a dh’inns Alec John dhomh

Ach. uaireannan bhiodh mo chuid cheistean a’ dol air seachran. Thàinig tè air cèilidh agus cha b’ urrainn mo sùilean a thoirt dhith. An ceann greis, thàinig an ceist a-mach gun fhios ’s dhomh.

“Why” ars mise sa Bheurla, ’s dòcha gun do shaoil mi nach robh Beurla aice, “Is that women’s face so ugly”

Rug mo mhàthair orm ’s chuir i dhan t-sitig mi, “na tig a-steach ann an seo gus am falbh i”, mhaoidh i orm.]

# MISE:SI:1 TÀR-SGRÌOBHAIDHEAN

## **Measadh a ceithir: Ailean Caimbeul MacIleathain (td 71 )**

Ged a rugadh e ann an Sasainn, chuir Ailean Caimbeul MacIleathain seachad a' mhòr-chuid de bheatha ann an Alba agus rinn e cliù dha fhèin mar sgrìobhadair leabhraichean chloinne. Tha na sgeulachdan aige uabhasach beòthail agus a' greimeachadh air an luchd-leughaidh gu luath. Tha iad fhathast a' toirt tlachd do dhaoine an-diugh.

Sgrìobh e grunn mhath de leabhraichean a bha stèidhichte air a' Ghàidhealtachd. Bha mòran dhiubh a' gabhail àite anns an Eilean Sgitheanach.

'S mathaid gur e an leabhar as ainmeile a tha aige, Hill of the Red Fox. Tha Sgùrr a' Mhadaidh Ruaidh na chnoc eadar Stafainn agus Port Rìgh ann an Ceann a Tuath an Eilein Sgitheanaich. Tha Alasdair Camshron na bhalach òg à Lunnainn a tha ga chur dhan Eilean Sgitheanach air làithean-saor aig àm a' Chogaidh Fhuair eadar an Ceann an Iar agus an t-Aonadh Sobhietach.

Tha e ga lorg fhèin ann an teis-mheadhan cuilbheart le luchd-brathaidh às an Ruis agus luchd-saidheans niuclasach a' dol a dhìth. Tha an leabhar seo air a dheagh rannsachadh le beagan Gàidhlig a' nochdadh ann agus ainmean àite na sgìre air an cur gu feum gu h-èifeachdach. Mar eisimpleir, tha sealladh ainmeil anns an leabhar far a bheil bàt'-aigeann a' tighinn am bàrr anns a' mhuir aig Rubh' nam Bràithrean faisg air Bhalto. Rinneadh sreath telebhisean stèidhichte air an leabhar ann an naoi ceud deug seachdad 's a còig. Tha an leabhar seo fhathast a' tarraing luchd-turais dhan sgìre còrr is seagad bliadhna on a chaidh fhoillseachadh.

Ged nach robh Gàidhlig aig MacIleathain fhèin, chaidh an leabhar Ribbon of Fire eadar-theangachadh mar Teine Ceann Foid le Pòl MacAonghais. Bha seo mu dheidhinn Strì an Fhearainn san Eilean Sgitheanach aig àm nam Fuadaichean. Chan eil an leabhar Gàidhlig ann an clò a-nis, ach gheibhear leth-bhreac ann an cuid de roinnean Gàidhlig bho àm gu h-àm.

Bha ùidh aig MacIleathain ann am poileataigs agus sheas e airson Pàrlamaid ann an sgìre Inbhir Nis sna seasgadan. Chaochail e ann an naoi ceud deug ochdad 's a naoi.